



Teisteanais
Nàiseanta
2024

X832/76/12

Àrd-Ìre

DICIADAIN, 29 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Litreachas**
Gàidhlig Literature

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 2 *

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist

1. Rosg

- (a) *‘Nì deagh sgeulachd dlùth-cheangal ris an leughadair, ged a bhiodh i suidhichte aig àm no ann an cultar gu math diofraichte seach saoghal an leughadair.’*

Seall mar a tha seo fìor a thaobh sgeulachd ghoirid no nobhail a leugh thu agus beachdaich air na h-innleachdan a chleachd an sgrìobhadair gus an ceangal seo a dhèanamh.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a leugh thu anns an robh an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a’ toirt sealladh ùr air cuspair no suidheachadh.

Seall mar a chuir an sgrìobhadair plota, caractaran agus sgilean-sgrìobhaidh eile gu feum gus buaidh a thoirt air do bheachdan.

2. Bàrdachd

- (a) *‘Bidh a’ bhàrdachd as fheàrr a’ greimeachadh, chan ann a-mhàin air ar smuaintean ach air ar faireachdainnean.’*

Le bhith a’ sgrùdadh sgilean agus cuspair a’ bhàird, seall mar a tha seo fìor mu phìos bàrdachd a leugh thu fhèin.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd a tha a’ dèiligeadh gu h-èifeachdach ri cuspair, suidheachadh no eachdraidh shònraichte.

Beachdaich air na diofar sgilean a chleachd am bàrd gus an gnothach a sgrùdadh.

3. Dràma

- (a) *‘Chan eil càil nas cudromaiche ann an dràma na na ceanglaichean a tha eadar na prìomh caractaran.’*

Tagh dràma mu bheil seo fìor. Seall mar a chaidh na ceanglaichean seo a chruthachadh gu sgileil gus dràma sònraichte a dhèanamh a thug buaidh ort fhèin.

NO

- (b) Tha dràma gu tric air a chleachdadh airson beachdachadh air suidheachadh sònraichte (leithid cultar, eachdraidh no gnothach cudromach eile).

Tagh dràma anns a bheil seo follaiseach agus seall (le iomradh air leithid plota, caractaran agus sgilean teicnigeach) mar a chaidh seo a dhèanamh gu h-èifeachdach.

4. Film/Telebhisean

- (a) *'Tha iomadh tarraing aig cridhe film no prògram dràma soirbheachail, leithid plota làidir, caractaran creideasach, teachdaireachdan cudromach agus sgilean teicnigeach.'*

Seall mar a tha seo ri fhaicinn a thaobh film no prògram dràma a tha, nad bheachdsa, soirbheachail.

NO

- (b) Tha filmichean agus prògraman dràma gu tric air an cleachdadh gus cuspairean pearsanta (leithid càirdeas, teaghlach, coimhearsnachd . . .) a sgrùdadh.

Tagh film no prògram dràma anns a bheil cuspair cudromach aig cridhe a' phlota agus beachdaich air na diofar dhòighean anns an deach an cuspair seo a sgrùdadh.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO